

Ban Uibhisteach ann an India



Ann Wells (née Maclellan but better known as Anna Sheonaidh 'ic Ghilleasbaig) was born in Balemore, North Uist, and went to school in Bayhead as pupil and then as teacher before going to India after the War. This photograph from the collection of Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath shows the first three classes at Bayhead School in 1924. Ann is in the front row, second from the left.

Tha còrr is leth-cheud bliadhna bho thug mise mo chasan leam a-null thairis gu India. Bha mòran dhaoine den bheachd gur mi bha cearbach – gun fhios dè thachradh dhomh am measg nan daoine Innseanach!! Dh'fhalbh mi bho ùghdaras Eaglais na h-Alba a bha toirt taic do ghrunnnd sgoiltean agus do cholaiste airson tidsearan ionnsachadh ann am Poona, Maharashtra.

B' e sin an t-àm a fhuair India saorsa bho Bhreatainn agus glè fhaisg air bàs Mahatma Gandhi. Cha robh gnothaichean ro shocraichte, bha ùpraid air gach taobh – gu h-àraidh bha iarraidh mhòr air tuilleadh foghlam. Dhùblaich àireamh nan oileanach anns a' cholaiste ann an aon bhliadhna. Bha mi toilichte gu leòr gu robh mo dhreuchd ann am foghlam, ach feumaidh mi ràdh gun do dh'ionnsaich iadsan dhomhsa fada a bharrachd air na dh'ionnsaich mise dhaibhsan.

Tha an sean-fhacal ag ràdh, “Cho fad’ s a bhitheas bainne aig bò bhàn, bidh cridhe blàth aig an Uibhisteach” – ach chan ann a-mhàin aig na h-Uibhistich. Tha mìltean de chridheachan ceart cho blàth ann an India. Fhuair mise sin a-mach glè luath. Fhuair mi fàilte mhòr a chur orm le daoine còir agus coibhneil, agus ged nach tuiginn facal den chànan aca thuing mi glè luath gun robh mi am measg chàirdean.

Dìreach mar a dhèanadh daoine ann an Uibhist rinn iad biadh math sònraichte air mo shon. Chuir iad “sari” bhrèagha orm, agus shuidh mi air an ùrlar cuide ri mo chàirdean ùra ag ithe “curry ’s rice” le mo mheòirean – agus chuimhich mise gur ann mar seo a bhitheamaid ag ithe buntàta ’s sgadan o chionn fada. Bha am biadh math ’s bha mise air mo dhòigh – agus gu dearbha bha an t-side nas blàithe na side Uibhist.

Ach, mo chreach, cha robh facal Marathi agam. Bhiodh e furasta gu leòr cuaran a chur air làmh no cas gun mòran a ràdh, ach cha dèanadh sin an gnothach ann an sgoil no colaiste far nach robh facal Beurla. Mar sin b' e ionnsachadh Marathi a' cheud obair a bha air m' aghaidh.

Ag èisteachd ri daoine a' bruidhinn thug mi an aire gun robh fuaim cuid fhacail caran coltach ri faclan Gàidhlig (mar eisimpleir Gàidhlig “dragh” agus Marathi “tras” airson an aon rud, agus “dr” agus “tr” an aon fhuaim.) Nach math gun robh Gàidhlig agamsa. Bha sin na chuideachadh mòr dhomh.

Bha a' chuid mhòr de na h-oileanaich à bailtean beagan a-mach à Poona – a h-uile à dachaigh gu math bochd. Bha iad tuigseach, dìcheallach agus deònach air ionnsachadh. Bha am foghlam seo saor aca ’s bha iad taingeil airson sin. Fhuair iad air adhart glè mhath, ’s cha chreid mi gun robh

seanchaidh riamh ann a dh'innseadh sgeulachd na b' fheàrr na feadhainn aca!

Ach a-rèir cleachdadh na dùthcha bha na nighnean seo aig aois pòsaidh (còig gu seachd bliadhna deug) agus uair 's uair thigeadh fear feuch am faigheadh e bean! Bha aon fhear a thàinig ag ràdh, “Tha mi air sari a cheannach, tha mi air *mangal sootra* a cheannach, tha mi air na *chappals* a cheannach, chan eil a dhìth orm ach nighean.” Cha robh air a dhòigh nach d' fhuair e gin! ('S e a tha ann am “mangal sootra” ach baidearan brèagha mu amhaich an àite fàinne, agus 's e seòrsa de “sandal” a th' ann an “chappal”.) Gu fortanach dhuinne bha na gnothaichean sin an làmh nam pàrantan.

Chan ann mar sin a bha e ann an Chanda, an teis meadhain India, far an robh sinn a' fuireach an dèidh dhomhsa pòsadh agus tòiseachadh air a' chlànn againn fhìn a thogail. A bharrachd air sgoil agus ospadal bha ostail againn airson dilleachdain – beag agus mòr. Cha ghabhadh e innse dè cho truagh 's a bha cuid dhiubhsan. Ach le biadh 's leabaidh agus deagh chuid gaoil thigeadh iad air adhart glè mhath.

'S e an gnothach a bh' ann gun robh nighnean suas ri còig bliadhna deug againn – 's bha còir aca ri bhith coimhead ri pòsadh – ach cha robh

sgeul air pàrantan! Cha robh gainne air fir a' coimhead airson nighean mar bhean, ach cò a bhiodh ceart! Bha sin na ghnothach cudthromach!! Ach an dèidh mòran rannsachaidh am measg chàirdean agus am measg muinntir na h-eaglaise chuir sinn pòsadh no dhà air dòigh, agus mar a b' àbhaist ann an Uibhist bha rèiteach againn (neo “*mangne*” mar a bh' aca ann am Marathi). Thigeadh beagan chàirdean còmhla airson spors, agus bha an aon cheist aig an nighean ri fhreagairt – “An tèid thu leis an duine seo?” Ach nach e sin a' cheist a bha aig Rebecca ri fhreagairt – Genesis 24, 57!! Chan eil dad ùr fon ghrèin...

Sin a' ghrian a bha teth ann an Chanda (120 deg +). Bhon Mhàirt airson trì mìosan bha an teas a' neartachadh, agus mu mheadhan na h-Òg-mhìos bha an talamh tioram, cruaidh, agus teth. An uair sin thigeadh an t-uisge – deàrrsadh uabhasach gun stad. An ceann latha no dhà chitheadh tu am fear a' fàs. Sin an t-iongantas as motha a chunnaic mise ann an India – seadh, nas iongantaiche na mullach beinn Everest a chunnaic mi aon uair bho bhàrr “Tiger Hill” sna Himalayas. Agus ged a bha an teas glè dhoirbh uaireannan, bha e math dhan arthritis!



Ann Wells as a teacher in India. “Chuir iad ‘sari’ bhrèagha orm..”